
Semeastar 2 2009-10

BA Cànan Is Cultar
BA Gàidhlig is Leasachadh

Tìotal a' Mhodail:	BÀRDACHD BHO 1900
Còd a' Mhodail:	UQ508412
Ceann-là/	20:05:10
Uair/Uine	0930-1130

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a tha rim faotainn uile gu lèir airson a' mhodail.

Faodar na ceistean a leughadh 10 mionaidean ro thoiseach na deuchainn.

Faodar na leabhraichean An Tuil; An Aghaidh na Siorraidheachd agus Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig a thoirt a-steach dhan deuchainn.

Faodar faclairean a chleachdadh.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha deich ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na naoi ceistean seo agus bu chòir dhut mu **uair a thìde a chosg air gach ceist**. Tha cudrom nan ceistean co-ionnan. Cuir an àireamh oileanaich agad, agus àireamh an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig mullach gach duilleig. Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan. Lìon a' chiad cholbh den chlàr gu h-ìseal a' sealltainn dè na ceistean a rinn thu.

Freagair DÀ cheist. Thathar an dùil gun toir thu iomradh air obair dhà no trì bhàird anns gach freagairt, agus ceathrar no còignear bhàrd uile gu lèir.

1. A bheil bàrdachd Ghàidhlig bho 1900 air adhart air fàs Galta?
2. A bheil adhbhar (a bharrachd air *Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig*) a bhith a' coimhead air Iain Mac a' Ghobhainn, Somhairle Mac Gill-Eain, Ruairidh MacThòmais, Dòmhnall MacAmhlaigh agus Deòrsa Mac Iain Deòrsa mar chòmhlan?
3. Dè cho cudromach 's a tha gaol mar chuspair bàrdachd bho 1900 air adhart?
4. An ann a' caoidh no a' càineadh nan coimhearsnachdan dam buineadh iad a tha na bàird ann an *Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig*?
5. Dè cho boireann 's a tha bàrdachd nam bana-bhàrd bho 1900 air adhart?
6. Ciamar a tha cogaidhean is còmhstri an 20mh linn air an riochdachadh leis na bàird Ghàidhlig?
7. Mìnich mar a tha na bàird Ghàidhlig san 20mh is san 21mh linn a' dèiligeadh ri ceistean poileataigeach.
8. An e cruth an dàin a tha a' dèanamh sgaradh eadar bàrdachd thraidiseanta agus bàrdachd san nòs ùr, no a bheil barrachd an sàs sa chùis na sin?
9. 'Chan e pàirt cudromach a th' aig an t-samhlachas ann an libhrigeadh na teachdaireachd ann am bàrdachd na Gàidhlig bho 1900.' Deasbair seo.
10. Dèan coimeas air mar a dh'èireas eilthireachd mar thèama ann am bàrdachd thraidiseanta agus bàrdachd an ath-bheothachaidh san 20mh linn?

Deireadh a' phàipeir